

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 2 | 2014 | AN GEARRAN

Facal Toisich


Nuair a sgrìobh mi seo aig deireadh na bliadhna bha madainn àlainn againn, latha socair agus a' ghrian a' deàrrsadh. Ach tha iomadh ceàrn de Bhreatann air a bhith a' fulang le stoirmean agus tuiltean, agus a rèir luchd na h-aimsir, chan eil an droch shìde seachad fhathast. Bha na mìltean de dhaoine, gu h-àraidh a-muigh air an dùthaich, fad làithean gun chumhachd an dealain.

Tha adhbhar againn a bhith taingeil do luchd-obrach a bhios a' dol a-mach air an oidhche airson loidhnichean dealain a chàradh. Chan eil an obair furasta nuair a tha craobhan air tighinn a-nuas agus milleadh a dhèanamh. Far a bheil aibhnichean air cur thairis agus rathaidean dùinte tha na ceudan an sàs ann a bhith a' dèanamh cabhair. Nuair a tha sinne gu cofhurtail nar dachaighean tha e furasta dhuinn dìochuimhne a dhèanamh air daoine a tha a' fulang mar thoradh air sìde gheamhranta agus gach sgioba a tha a' toirt cabhair do dhaoine a tha ann an cruaidh-chàs.

Ann an suidheachaidhean mar sin chì sinn mòran aig a bheil spiorad an t-Samaratanaich anns a' chosmhachd ainmeil a dh'innis losa. Air feadh na dùthcha nuair a chailleas sinn an dealan bidh daoine a' dèanamh cinnteach gu bheil biadh agus blàths aig nàbaidhean a tha air tighinn gu aois no a tha ciurrmach.

Nuair a leughas sinn na naidheachdan cluinnidh sinn mu iomadh àite far a bheil mort agus marbhadh agus làmhachas làidir. Tha an-ìochdmhorachd agus dorchadas de iomadh seòrsa anns an t-saoghal anns a bheil sinn beò. Ach air cùl gnothaich tha na mìltean de ghnìomharan a' tachairt a h-uile latha far am faicear spiorad Chrìosd ga chur gu buil. Thubhairt an soisgeulaiche, "Tha an solas a' soillseachadh anns an dorchadas, agus cha do ghabh an dorchadas e." Ach ghabhadh na faclan sin a bhith air an eadar-theangachadh ann an dòigh eile – "cha robh an dorchadas comasach air a chur às." Cha bhì dorchadas an uilc comasach air an solas a thug losa a-steach don t-saoghal a mhùchadh.

**Beannachdan an earraich gu robh agaibh,
Ruairidh MacLeòid.**



Bha sinn duilich a chluinntinn gu bheil Clèir Ghlaschu a' beachdachadh air eaglais Chaluim Chille mar aon de na togalaichean a dh'fhaodas a bhith ann an cunnart dùnadh. Tha Gàidheil air a bhith ag adhradh anns an eaglais eireachdail seo, a chumas mìle duine, bho chaidh a coisrigeadh ann an 1905. Chan eil na mìltean de Ghàidheil ann am meadhan Ghlaschu an-diugh, ach tha an coitheanal gu dìleas a' cumail seirbheis Ghàidhlig a h-uile Sàbaid. Chan eil a-nis coitheanal aig Eaglais na h-Alba ann an Glaschu a bhios ag adhradh gu cunbhalach ann an cànan nan Gàidheal ach eaglais Chaluim Chille.

Cùil nan Ceist

Nuair a thig an t-earrach tha cruth-atharrachadh a' tighinn air an t-saoghal mun cuairt oirnn. Tha dreach ùr air an talamh. Chì sinn dath uaine far nach robh ach doilleireachd. An turas seo tha sinn a' cur cheist oirbh ceangailte ri rudan uaine. Anns a' Bhìoball Ghàidhlig bidh "glas" agus "gorm" cuideachd air an cleachdadh. Gheibh sibh freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò an rìgh a dh'ìobair fo gach craoibh uaine? (2 Rìgh, caibideil 16.)
2. Lìon a' bheàrn: "Is cosmhail mi ri crann uaine ——." (Hosea, caibideil 14.)
3. Dè a bha geal, uaine agus gorm? (Ester, caibideil 1.)
4. Dè a' chraobh uaine ris an robh an salmair ga shamhlachadh fhèin? (Salm 52.)

Searmon Beag

Is mise an doras (Eòin 8:9)

Chuala mi ministear a' cur na ceist seo air a' choitheanail aig toiseach an t-searmoin – *Dè am pìos àirneis as cudthromaiche a tha anns an togalach seo anns a bheil sinn ag adhradh?*

Fhuair e grunn fhreagairtean. Thubhairt cuideigin gu bheil a' chùbaid sònraichte. Thubhairt cuideigin eile gur iad nan suidheachain air am bi an coitheanal 'nan suidhe rud cho cudthromach agus a tha ann. Bha cuideigin eile den bheachd gu bheil àite mòr aig bòrd a' chomanachaidh a chionn gu bheil e 'na chomharradh dhuinn air na rinn Dia air ar son ann an Iosa Crìosd.

Dh'innis an searmonaiche dhuinn an uair sin dè am freagairt a bha esan a' lorg. Thubhairt e gu bheil an doras air pìos àirneis cho cudthromach agus a tha am broinn na h-eaglais, oir dh'fheumadh a h-uile duine tighinn tron doras nuair a thigeadh iad a-steach, agus a dhol a-mach air an doras nuair a dh'fhàgadh iad an eaglais.

Anns a' Bhìoball tha dorsan glè chudromach cuideachd. Tha am facal *doras* air a chleachdadh ann an dòigh litireil – doras an teampaill, doras pàillein, doras dachaigh, doras na h-àirc aig Nòah.

Tha *doras* air a chleachdadh ann an dòigh shamhlachail. Ann an Soisgeul Eòin a tha Iosa a' bruidheann air fhèin mar am Buachaille. Anns a' chòmhradh sin tha E ag ràdh, *Is mise an Doras*.

Bliadhnachan mòra air ais bha fear-turais air chuairt

anns an Ear-mheadhanach. Chunnaic e cìobair a' cruinneachadh nan caorach a-steach don bhualidh ann an ciaradh an fheasgair. Ach thug e an aire nach robh doras no geata air a' bhualidh. Dè a thachradh nam fiachadh na caoraich ri teicheadh? Mura robh geata air a' bhualidh dh'fhaodadh beathaichean fiadhaich no gadaichean tighinn a-steach fo sgàil an dorchadais.

Càit a bheil an doras? dh'fhaighnich an coigreach don bhuchaille. *Is mise an doras*, fhreagair an cìobair. Agus bha sin fìor. Fad na h-oidhche bhiodh am buachaille 'na shìneadh tarsaing air an fhosgladh anns a' bhualidh. Chan fhaigheadh ainmhidh no duine a-steach air a' bhualidh gun a dhol tarsaing air-san, gun esan a dhùsgadh.

Sin an dàimh a tha eadar am Buachaille Math agus a threud. Tha Esan gan dìon, a' cumail sùla orra a latha agus a dh'oidhche. Mar a tha an salmadair ag ràdh, 's e Dia fear-coimhid Israeil air nach aom cadal no suain.

Is mise an doras, ars Iosa. Thubhairt E cuideachd, *Is mise an t-slighe*. Tha an aon chiall aig an dà fhacal. Is ann tro Iosa a thig sinn gu Dia. 'S e Iosa fhèin a dh'fhosgail dhuinn an t-slighe, an doras, a dh'ionnsaigh Dhè, an t-slighe a tha a' treòrachadh a-chum na beatha, beatha ann am pailteas.

Tha dorsan dùinte ag innse an sgeulachd fhèin – cothroman air a chall, Crìosd air a chumail a-muigh air an starsaich, an t-eagal mar a bha ann an cridhe nan deisciobal agus na dorsan glaiste air eagal nan lùdhach. Ach dh'fhosgail Dia dhuinn ann an Iosa Crìosd doras na slàinte, doras a' mhathanais, doras na beatha shìorraidh.

Leabhraichean

Nuair a bha Fear-deasachaidh nan *Duilleag* ann an Ard-sgoil Phort Rìgh bha Iain M. Moireach os cionn na sgoile. Bha athair a' mhaighistir-sgoile 'na mhinistear, ach an toiseach bha e a' teagasg sgoile fo iùl na h-Eaglaise Saoire. Nuair a bha Seòras Moireach a' teagasg ann an Uibhist a Tuath, agus an dèidh sin ann an Hiort, chùm e leabhar-latha. A-nis tha cothrom againn an leabhar-latha sin a leughadh, agus tha e da-rìreabh tarraingeach.

Chuir Seòras Moireach seachad bliadhna ann an Hiort. Tha co-fhaireachdainn anns an dòigh anns a bheil Maureen Kerr a' sgrìobhadh mar neach-deasachaidh an leabhair seo a chionn gun do chuir i fhèin seachad deich bliadhna ag obair air an eilean iongantach sin ceud bliadhna an dèidh don Mhoireach a bhith ann. Bha iad le chèile 'nan dithis a bha thall agus a chunnaic. Gheibh sinn sealladh pearsanta air cò ris a bha e coltach a bhith beò ann an Hiort anns an linn sin. Bha am maighistir-sgoile an sàs ann an obair làitheil

George Murray
A Schoolmaster for St. Kilda
1886-87
Maureen Kerr
(Urras Leabhraichean nan Eilean. £10)

nan Hiortach, a' dol còmhla riutha nuair a bhiodh iad a' sealg nan eun. 'S e duine sìtheil a bha anns a' mhaighistir-sgoile agus bha e duilich gum biodh deasbadan ag èirigh o àm gu àm am measg cuid air an eilean. Gu tric bha an tè a bhiodh a' cumail an taighe don mhinistear, Mgr. MacAoidh, aig teis-meadhan na coimhstri.

Ged a bhuineadh am Moireach do Chataibh cha robh e cleachdte ri bhith a' bruidheann na Gàidhlig. Thàinig a' Ghàidhlig aige air adhart gu mòr nuair a bha e ann an Hiort agus cothrom aige a bhith a' còmhradh ri muinntir an eilein agus a bhith a' leughadh a' Bhìobaill Ghàidhlig.

Nach iomadh leabhar a chaidh a sgrìobhadh mu Hiort. Ach tha an leabhar seo air leth inntinneach a chionn gu bheil e a' toirt iomraidh dhuinn air beatha an eilein le cuideigin a bha a' cumail leabhar-latha corr is sia fichead bliadhna air ais. Tha Maureen Kerr a' toirt seallaidh dhuinn air an duine a chum an leabhar-latha agus air Hiort. Seo leabhar a leughas mi barrachd air aon turas.



Annas an dealbh seo chì sibh Seòras Moireach (le ad chruaidh) nuair a bha e 'na mhaighistir-sgoile aig *Sgoil nan Ladies* ann an Hiort eadar 1886 agus 1887. Eadar 1894 agus 1902 bha e 'na mhinistear ann an Cill an Inbhir agus Cill Mheallaird ann an Earra Ghàidheal, an toiseach aig an Eaglais Shaoir agus an dèidh 1900 aig an Eaglais Shaoir Aontaichte. Bha e pòsda aig Caitriona, nighean an Urr. Murchadh MacAsgaill, Leòdhasach a bha 'na mhinistear aig an Eaglais Shaoir ann an Inbhir Pheofharain. Ann an 1902 ghluais Mgr. Moireach gu sgrì an Tairbeirt ann an taobh sear Rois.

Ceann na Slighe do dh'Eaglais Chirceapoil

Chan e rud furasda a tha ann nuair a thèid an t-seirbheis mu dheireadh a chumail ann an togalach far an robh daoine ag adhradh bho chionn iomadh ginealach. Anns an Dùbhlachd bha eaglais Chirceapol ann an Tiriodh air a dùnadh gu h-oifigeil. Anns an latha anns a bheil sinn beò tha cosgais mhòr an cois a bhith a' càradh agus a'

leasachadh sheann eaglaisean agus nuair a tha àireamh an t-sluaigh a' crìonadh bidh feadhainn a' cumail a-mach gu bheil cus thogalaichean aig Eaglais na h-Alba.

Air ceann na seirbheis mu dheireadh ann an eaglais Chirceapoil, a chaidh fhosgladh ann an 1842, bha ministear an eilein, an t-Urr. Ealasaid NicGhilleathain. Thubhairt i gur e latha duilich a bha ann, ach aig cridhe a' chreidimh Chrìosdail bha bàs agus aiseirigh, agus bha an dòchas ann gum biodh seo 'na thoiseach tòiseachaidh ùr ann am beatha eaglais na sgìre ann an Tiriodh.

Chaidh Bioball na cùbaid agus an soitheach baistidh a thoirt a-mach às an eaglais aig deireadh na seirbheis. Bidh àirneis à eaglais Chirceapoil air a glèidheadh ann an eaglais Heilleapoil far am bi seirbheisean a-nis air an cumail.

A' labhairt aig an t-seirbheis bha am Proifeasair Dòmhnall Meek, aig an robh iomadh cuimhneachan blàth air eaglais Chirceapoil. Thogadh esan mu thrì mìle on eaglais. Ged a bhuineadh esan don choitheanal Bhaisteach bha co-chomann agus càirdeas eadar na coitheanalan air an eilean agus bhiodh athair tric a' searmonachadh ann an eaglais Chirceapoil.

Aig crìch na seirbheis sheas an coitheanal agus thubhairt iad le aon ghuth, *Thig, agus lion sinn le do Spiorad Naomh, ach am bi sinn nar teampall dhut, agus nuair a thèid sinn as an seo, gun dèan sinn adhradh dhut ann an spiorad agus ann am firinn, le sealladh ùr air do ghlàir, le fiosrachadh ùr air do chumhachd, agus le aobhneas ùr nad sheirbheis. Amen.*

Gàidhlig Shìmplidh

28

Ceann-teagaisg airson a' mhìos: "Dèan tròcair orm, a Thighearna." Tha na faclan sin anns

an naodhamh salm aig an treas rann deug. (Salm 9:13). Bha iomadh neach anns a' Bhìoball a thubhairt na faclan seo. Sin an ùrnaigh a bha aig a' chis-mhaor anns an teampall anns a' chosmhalachd a dh'innis losa. Bha an salmadair a' creidsinn gur e Dia tròcaireach a tha ann an Dia. Mar sin bha e misneachail gun dèanadh Dia tròcair nan tigeadh e le aithreachas fìor.

28

Tha iomadh cur-seachad aig daoine. Tha feadhainn ann a bhios a' streap nam beann. Bidh

feadhainn ann a bhios a' coiseachd. Bidh daoine eile a bhios a' dèanamh rudan len làmhnan, obair fiodh no obair ealain. 'S toigh leam fhèin a bhith a' leughadh. Bheir leabhar tlachd agus toil-inntinn dhuinn. Tha sinn a' faighinn mòran fiosrachaidh o na rudan a bhios sinn a' leughadh.

28

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Feuch gu bheil do theallach fhèin sguabte mun tog

thu luath do choimhearsnach." (See that your own hearth is swept before you lift your neighbour's ashes.) Tha facal mar sin ann an iomadh cànan. Tha e furasta a bhith a' faighinn coire. Tha e furasta a bhith a' cur sìos air daoine eile. Ach tha an cunnart ann gu bheil sinne cho ciontach ris an duine a tha sinn a' càineadh. Tha e nas fheàrr a bhith a' moladh an àite a bhith a' diomoladh.

28

Air a' bhliadhna seo bidh daoine a' cumail cuimhne air bliadhnanachan a' Cheud Chogaidh.

Thòisich an Cogadh Mòr ann an 1914. Bha daoine a' smaoineachadh nach maireadh an cogadh fada. Bidh e seachad ro àm na Nollaig, bha daoine ag ràdh. Ach tha fios againn gun do mhair an cogadh uamhasach seo ceithir bliadhna. Ach cha do dh'ionnsaich an saoghal leasain o na bha de dh'fhulangas anns a' chogadh. Tha sinn fhathast ag ùrnaigh airson sìth.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

SEIRBHEIS THLACHDMHOR

Tha e math a bhith a' faighinn cothroim a bhith ag èisteachd a-rithist ri seirbheis Ghàidhlig a chaidh a chraobh-sgaoileadh air an ràdio bliadhna air ais. Air an Didòmhnaich mu dheireadh den bhliadhna chualas seirbheis a chaidh a chur air clàr ann an Colaisde an Rìgh ann an Obar Dheadhainn bho chionn leth-cheuid bliadhna. A' searmonachadh bha an t-Urr. Lachlainn MacLeòid, a bha an còmhnaidh 'na theachdaire cho taitneach agus cho tarraingeach.

RANN

Gu sìorraidh 's gu bràth chan ann airson là,

Ach cumaidh E 'ghealladh gu sìorraidh;

Do na h-uile tre chreideamh bheir ùmhlachd gun teagamh,

Dhaibh cumaidh E 'ghealladh gu sìorraidh.

Seo an t-sèist anns an laoidh bhrèagha a sgrìobh an t-Urr. Aonghas Maclamhair a bha 'na mhinistear ann an Gleann Urchardain.

AM MAC STRODHAIL

Nuair a bha Seòras Moireach 'na mhaighistir-sgoile ann an Hiort tha e ag innse gun do chrìochnaich am ministear an naodhamh searmon air a' mhac stròdhail aig toiseach na bliadhna ann an 1887. Thionndaidh am ministear gu cuspair eile – Hosea 14:1 – agus chòrd an searmon ris. Sgrìobh Mgr. Moireach 'na leabhar-latha, *Bha an t-àm ann am Mac Stròdhail fhàgail agus rud-eigin a thoirt às an t-Seann Tiomnadh.*

FUASGLADH NAN CEIST

Air a' cheud duilleig chuir sinn ceistean oirbh mu rudan uaine (no glas no gorm) anns a' Bhioball oirbh. Seo a-nis freagairt nan ceist sin. 1. Ahas. 2. —giuthais. 3. Na cùirteanan. 4. Crann-ola.

CUIMHNEACHADH AIR LOCKERBIE

Aig deireadh na bliadhna chumadh seirbheis shònraichte gu bhith a' cumail cuimhne air an tubaist uamhasaich nuair a spreadh itealan os cionn baile Lockerbie còig bliadhna fichead air ais. A' labhairt le briathran a bha cho freagarrach aig an t-seirbheis bha an t-Urr. Iain MacLeòid, ministear anns an Eaglais Easbaigich. Is esan am mac as òige aig an Urr. Dòmhnall MacLeòid, a bha bliadhnachan mòra ann am Port Rìgh. Bha Iain an toiseach anns an arm, agus rinn e cùrsa fear-lagha mun cuala e Dia ga ghairm gu dreuchd na ministrealachd. Bha a bhràthair, Tormod, 'na mhinistear ann an Ile agus ann an Hamilton.

ADHBHAR GAIRE

Bha an t-Urr. Uilleam Dòmhnallach, a bha 'na mhinistear anns an Rubha ann an Leòdhas agus ann Cille Mhoire agus Paibil ann an Uibhist a Tuath. Bha e 'na dhuine eirmseach. Nuair a bha e 'na oileanach bha eileanaich eile còmhla ris ann an colaisde na diadhaireachd. Aon latha agus iad air tighinn a-mach o na deuchainnean bha na h-oileanaich a' bruidheann mu na ceistean a fhreagair iad. Thubhairt Uilleam gun do sgrìobh esan pìos mu Mhelchisedec. Dh'fhaighnich cuideigin eile dha ciamar a litrich e Melchisedec. Fhreagair esan gun do sgrìobh e M mhòr agus as a dhèidh rud ri coltach ri seinne uaireadair.

Urnaigh

A Dhè ghràs-mhoir,
maille rinn anns gach ràith den bhliadhna,
glòir a bhith dhut airson teachd an earraich.
Tha sinn gad mholadh
airson gach leasain
a tha an t-earrach a' teagasg dhuinn.
Chì sinn fàs a' tighinn
air obair nàdair.
Gu robh sinne
a' fàs ann an gràs agus ann an eòlas.
Nuair a chì sinn maise a' chruthachaidh
gum bi sinn ag iarraidh
a bhith sgeadaichte
le maise na naomhachd.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Chaidh an dealbh seo
a thogail air latha socair
aig cidhe Inbhir Aora.
Anns an Fhaoilleach chumadh
seirbheis shònraichte
ann an eaglais Inbhir Aora
a' comharrachadh gun do chuireadh
crìoch air obair chàraidh
air taobh a-muigh
na h-eaglais.